

Bòrd na Gàidhlig

**Geàrr-chunntas na coinneimh:
Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Diciadain 01/09/2021 09.30-11.40 Tro Teams**

**Minutes of the meeting:
Policy & Resources Committee
Wednesday 01/09/2021 09.30-11.40 Via Teams**

SEISEAN DÙINTE

Buill Bùird an Làthair:

Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche) [DML]
Dòmhnall MacAoidh [DMA]
Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]

A' frithealadh:

Shona NicIlinnein, Ceannard [SNI]
Mairianne Stiùbhart, Ceann an Ionmhais agus Chùisean Corporra (Eadar-amail) [MS]
Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais agus Chùisean Corporra [NP]
Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim [SW]
Louise NicIleathain, Manaidsear Gnìomhan [LNI] (*Puingean 2-3*)
Anna Walker, Oifigear Planaichean Cànan [AW] (*Puing 6*)
Kyle Orr, Oifigear Planaichean Cànan [KO] (*Puing 6*)
Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]
Morag Anna Nic an Fhugadair NicLeòid, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [MANN]
Nicola NicThòmais, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [NNT]

Leisgeulan:

Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]

CLOSED SESSION

Board Members Present:

Donald MacLeod (Chair) [DML]
Donald MacKay [DMK]
Johan Smith [JS]

In attendance:

Shona MacLennan, Ceannard [SML]
Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs (Interim) [MS]
Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs [NP]
Jim Whannel, Director of Education [JW]
Louise MacLean, Operations Manager [LML] (*Points 2-3*)
Anna Walker, Language Plans Officer [AW] (*Point 6*)
Kyle Orr, Language Plans Officer [KO] (*Point 6*)
Orla MacDonald, Recording the minutes [OMD]
Morag Ann Walker MacLeod, Recording the minutes [MAWM]
Nicola Thomson, Recording the minutes [NT]

Apologies:

David Boag, Director of Language Planning & Community Developments [DB]

1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

1.1 **Fàilte**
Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine a bha an làthair.

1.2 **A' Nochdadh Chom-pàirtean**
Cha robh gin ann.

1.3 **Geàrr-chunntasan:**
Thèid siostam ùr a chur air dòigh airson geàrr-chunntasan aontachadh bhon ath choinneimh.

1.3.1 **PT1 Geàrr-chunntas na coinneimh air 06/05/2021**

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' gheàrr-chunntas mar a chaidh a thaisbeanadh.

1.3.2 **PT2 Geàrr-chunntas na coinneimh air 18/05/2021**

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' gheàrr-chunntas mar a chaidh a thaisbeanadh.

1.3.3 **PT3 Geàrr-chunntas na coinneimh air 21/06/2021**

Chaidh puing a thogail mu choinneamh 2.1 *Planaichean Gàidhlig*. Chaidh moladh seantans a chur ris ag ràdh *“S e deagh bheachd a bhiodh ann Mòd ionadail a ruith ann an Dùn Dè mus rachadh tagradh a chur a-steach airson Mòd Nàiseanta”*.

OPENING ITEMS

Welcome
The Chair welcomed all those present.

Declaration of Interests
There were none.

Approval of Minutes:
A new system for approval of the minutes would be implemented from the next meeting.

PT1 Minutes from meeting on 06/05/2021

Decision:

Members **AGREED** the minutes as presented.

PT2 Minutes from meeting on 18/05/2021

Decision:

Members **AGREED** the minutes as presented.

PT3 Minutes from meeting on 21/06/2021

A point was raised relating to 2.1 *Gaelic Plans*. It was suggested that an insertion be made as follows *“It would be sensible to organise a Local Mòd in Dundee before submitting a bid for the National Mòd”*.

<p>HIAL – bha soilleireachadh a dhìth a thaobh earrann mu ghluasad obraichean. Chaidh na leanas aontachadh “chaidh faighneachd an gabhadh an stèidheachadh ann an sgìrean eile”.</p> <p>Bha pàipear air a dhol dhan sgioba rianachd le atharrachaidhean beaga eile ron choinneimh agus chaidh gabhail riutha.</p> <p>Co-dhùnadh: DH’AONTAICH Buill ris a’ gheàrr-chunntas le tuigse gun rachadh na h-atharrachaidhean gu h-àrd a dhèanamh.</p>	<p>HIAL – the section around reallocation of jobs required clarification. The following amendment was agreed - “whether they could be established in other areas”.</p> <p>A paper had previously been circulated to the admin team with typos and they were agreed.</p> <p>Decision: Members APPROVED the minutes with the understanding that the outlined changes would be made.</p>
<p>1.3.4 PT4 Geàrr-chunntas na coinneimh air 07/07/2021</p> <p>Co-dhùnadh: DH’AONTAICH Buill ris a’ gheàrr-chunntas mar a chaidh a thaisbeanadh.</p>	<p>PT4 Minutes from meeting on 07/07/2021</p> <p>Decision: Members APPROVED the minutes as presented.</p>
<p>1.4 Clàr Ghnìomhan Thug SW fios as ùr seachad air na gnìomhan aige. Mhol an Cathraiche am fios às ùr a chur sa chlàr.</p>	<p>Actions Listing JW gave an update on his actions. The Chair recommended that these updates be added to the listing.</p>
<p>1.5 GISBE [Gnothach Iomchaidh sam Bith Eile] Cha robh gin ann.</p>	<p>AOCB [Any Other Current Business] There was none.</p>
<p>2.0 CÙISEAN SGIOBACHD</p>	<p>HR MATTERS</p>
<p><i>Thàinig LNI a-steach dhan choinneimh airson puingean 2 agus 3.</i></p>	<p><i>LML joined the meeting for points 2 and 3.</i></p>
<p>2.1 Aithisg Suirbhìdh Luchd-obrach Thugadh an aithisg FA-NEAR, le aire air a toirt chun nam puingean a leanas:</p> <p>Thugadh fa-near gun robh àrdachadh ann an ìre riarachais an luchd-obrach, airson na ceathraimh bliadhna ann an sreath, gu sònraichte a thaobh conaltraidh. Chaidh coinneamh luchd-obrach a chumail airson a dhol thairis air na toraidhean agus chaidh gnìomhan aontachadh agus a chur ris a’ Phlana Leasachaidh Leantainneach.</p> <p>Tha toraidhean gu math brosnachail an lùib na h-aithisg a thaobh cultar na buidhne.</p> <p>Chaidh taing a chlàradh dhan luchd-obrach airson an cuid bheachdan agus airson na h-obrach a rinneadh thar nam bliadhnaichean, a tha air an t-adhartas seo a thoirt gu buil.</p> <p>Tha LNI a’ stiùireadh a’ chùmhnant Sgiobachd agus tha prògram ùrachaidh aca airson dearbhadh gu bheil na poileasaidhean agus na modhan-obrach a rèir a’ chleachdaidh as ùire agus gu bheil a’ cumail ri riatanasan reachdail agus laghail.</p> <p>Mhol Buill gum bu chòir sgaradh a dhèanamh eadar gnothaichean air am biodh buaidh dhìreach aig BnG mar bhuidheann, a thaobh sunnd, agus na gnothaichean pearsanta agus air an taobh a-muigh a dh’fhaodadh buaidh a thoirt air ìrean-obrach aig daoine fa-leth.</p>	<p>Staff Survey Report The report was NOTED with the following points highlighted:</p> <p>An increase in staff satisfaction was noted, for the fourth year running, especially in terms of communication. A staff meeting had been held to discuss the results and actions had been agreed which are included in the Continuous Improvement Plan.</p> <p>There were very encouraging results around the organisation’s culture within the report.</p> <p>Thanks were recorded to the staff for providing their responses and for all the work that has taken place over the years, resulting in such progress.</p> <p>LML manages the external HR contract and the renewal programme to ensure that policies and procedures reflect up-to-date practice and that they adhere to statutory and legal requirements.</p> <p>Members recommended that a distinction be made between areas which Bòrd na Gàidhlig, as an organisation, could directly impact, in terms of wellbeing, and areas which were more generally related to external and personal events which could impact individual work-levels.</p>

Chaidh a thoirt fa-near le ùidh gur ann tro bhliadhna Covid-19 a thàinig an t-àrdachadh a bu mhotha air na toraidhean seo agus bha ceist ann an leanadh seo an ath-bhliadhna.

Ged a bha na toraidhean fìor brosnachail, thuirt na Buill gun robh e cudromach aire a thoirt do h-earrannan far a bheil leasachadh a dhìth cuideachd.

Chuir an Cathraiche fàilte air a' phiseach a bha air tighinn air cùisean, gu sònraichte a thaobh conaltradh, is bha i an dòchas gun leanadh seo.

Chaidh a ràdh gu bheil ìre coileanaidh BnG nas àirde na ìrean cuibheasach na Seirbheise Catharra, a rèir aithisg an luchd-sgrùdaidh.

Tha na h-ìrean leasaichte seo mar thoradh air obair a rinneadh anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, gu sònraichte a thaobh sunnd agus conaltradh. Bidh an Sgioba ag obair bhon taigh airson greis fhathast agus mar sin thèid suirbhidhean beaga a dhèanamh a-rithist airson sùil a chumail air sunnd an sgioba.

Thug Buill am pàipear **FA-NEAR**.

Dh'fhàg LNI a' choinneamh.

It was noted, with interest, that the highest improvement in results had in fact taken place during the year of Covid-19 and whether this might continue into the following year.

Members suggested that whilst the results had proved very encouraging, it would be important to draw attention to the areas for improvement also.

The Chair welcomed the progress, especially in terms of communication, and hoped that this would continue.

BnG had performed above average across the Civil Service, according to the auditor report.

The improved levels are as a result of work that has taken place over the last number of years, especially around wellbeing and communication. The Team will continue to work from home for a while yet, and mini-surveys will continue to be used, to keep an eye on wellbeing levels.

Members **NOTED** the paper.

LML left the meeting.

SEISEAN FOSGAILTE

Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte orrasan a bha a' coimhead air a' choinneimh tron t-sruthadh beò.

A' nochdadh Chom-pàirtean

Cha robh gun ann.

OPEN SESSION

Welcome & Apologies

The Chair welcomed those watching the meeting through the live stream.

Declarations of Interest

There were none.

3.0 RIAGHLADH

3.1 Poileasaidhean Daonna

Thug LNI fios air carson a chaidh na poileasaidhean ùrachadh agus air a' phròiseas airson seo a dhèanamh.

3.1.1 Poileasaidh air fòrladh

Dh'fhaighnich Buill mun phuing air t.d. 34 – “employees may not normally take more than 2 working weeks consecutively unless agreed by their manager.” Bhathas den bheachd gum biodh e iomchaidh cothrom a thoirt do luchd-obrach a bhith dheth nas fhaide.

Chaidh aontachadh gum biodh seo comasach le aonta a' mhanaidsear-sreatha, is gum feumadh luchd-obrach gu leòr a bhith ann airson an obair air fad a choileanadh fhad 's a bha daoine air fòrladh bliadhna fada.

Dh'fhaighnich Buill an deach measadh buaidh a dhèanamh a thaobh Fòrladh Sònraichte air iarraidh le luchd-obrach tron bliadhna. Bha an Sgioba misneachail nach biodh seo na adhbhar dragh, stèidhichte air dàta bho na còig bliadhna a chaidh.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' phoileasaidh.

GOVERNANCE

HR Policies

LML informed members why the policies are being renewed and the process for doing this.

Leave policy

Members asked about p. 34 - “employees may not normally take more than 2 working weeks consecutively unless agreed by their manager” and suggested it may be appropriate to offer longer lengths of annual leave.

It was agreed that while this would be possible, in agreement with Line Managers, that as a small team it would be important to ensure there was sufficient staff resource to cover extended annual leave.

Members asked if an impact assessment had been carried out around all staff requested Special Leave during the year. The Team was confident this would not be an issue, based on the previous 5 years' worth of data.

Decision:

Members **APPROVED** the policy.

3.1.2	<p>Poileasaidhean Màthaireachd, Athaireachd agus Uchd-mhacachd</p> <p>Chan eil sìon susbainteach às ùr ach gun deach dà phoileasaidh co-cheangailte a tharraing còmhla.</p> <p>Dh'fhaighnich Buill an robh na h-Aonaidhean an sàs sa phròiseas ùrachaidh. Chaidh a mhìneachadh gun deach bruidhinn ri riochdairean an Aonaidh, a bharrachd air an sgioba air fad, mun pròiseas.</p> <p>Chaidh clàr coileanta le gach beachd agus freagairt bho BnHG a chuairteachadh am measg an sgioba mar phàirt den phròiseas co-chomhairleachaidh airson nam poileasaidhean air fad.</p> <p>Co-dhùnadh: DH'AONTAICH Buill ris a' phoileasaidh.</p>	<p>Maternity, Paternity and Adoption Policy</p> <p>There were no material changes, but two related policies had been joined together.</p> <p>Members asked if Unions were consulted during the renewal process. It was explained that Union representatives, as well as all staff, were consulted around the process.</p> <p>A full record of all comments and BnG responses for all the policies had been circulated to all staff as part of the consultation process.</p> <p>Decision: Members APPROVED the policy.</p>
3.1.3	<p>Poileasaidh Obair Shùbailte</p> <p>Thigeadh stiùireadh, an ceann 2-3 mìosan, co-cheangailte ris a' phoileasaidh seo a thaobh dè na slatan-tomhais airson dreuchdan a bhiodh iomchaidh airson obair bhon dachaigh, san oifis neo na dhà.</p> <p>Co-dhùnadh: DH'AONTAICH Buill ris a' phoileasaidh.</p> <p><i>Thugadh taing do LNI agus dh'fhàg i a' choinneamh.</i></p>	<p>Flexible Working Policy</p> <p>Guidance would be issued, within the next 2-3 months, on the criteria for which roles would be eligible for home working, office-based working or hybrid working.</p> <p>Decision: Members APPROVED the policy.</p> <p><i>LS was thanked and left the meeting.</i></p>

4.0	IONMHAS	FINANCE
4.1	<p>Aithisg Ionmhais agus Ùrachadh Buidseit aig 30/06/2021</p> <p>Thug MS geàrr-chunntas seachad air a' phàipear. Bha fochosgais sa bhliadhna gu ruige seo, ach bhathas a' tuigsinn gun robh seo gu mòr ceangailte ri timeachadh pàighidhean GLAIF, agus gum biodh seo eadar-dhealaichte às dèidh aithisgean-adhartais ris an robhar an dùil san Lùnastail.</p> <p>Dh'iarr Buill gun rachadh pròifil a' bhuidseit atharrachadh gus dùbhlain a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh timeachadh a chur ann gus dealbh shlàn a thoirt seachad. Chaidh gabhail ris a' mholadh seo.</p> <p>Dh'iarr Buill cuideachd gum biodh mìneachadh air na geàrr-ainmean aig toiseach aithisgean gus am biodh Buill ùra gan tuigsinn, no gum biodh faclair ri fhaighinn am measg nam pàipearan.</p> <p>Thugadh taing do MS airson a' phàipear ullachadh.</p> <p>Thug Buill am pàipear FA-NEAR.</p> <p>Gnìomh: Pròifil a' bhuidseit ri atharrachadh gus gnothaichean ùineil a dhèanamh soilleir.</p>	<p>Quarterly Finance Report & Budget Update as at 30/06/2021</p> <p>MS gave an overview of the paper. A year-to-date underspend was understood to be largely related to timing in GLAIF payments, which would be adjusted following the progress-reports due in August.</p> <p>Members requested that the budget profile be adjusted to reflect anticipated timing issues, to give a more accurate understanding of the figures. This was accepted.</p> <p>Members also requested that acronyms be described in full at the beginning of each report to help new members understand what they meant or that a glossary provided with papers.</p> <p>MS was thanked for preparing her report.</p> <p>Members NOTED the paper.</p> <p>Action: Budget profile be adjusted to reflect anticipated timing issues.</p>

5.0	PLANA GNÌOMH	OPERATIONAL PLAN
5.1	<p>Plana Gnìomh 2020/21-Sgrùdadh</p> <p>PT1 –Coileanadh a’ phlana gnìomh 20/21 Chaidh am plana a chuirteachadh airson ùrachadh a dhèanamh air a’ phàipeir a chaidh dhan Chomataidh sa Chèitein. Chaidh puingeon 3.1 (àireamhan sgoilearan) agus 4.3 (cuspairean àrd-sgoile) atharrachadh gu uaine.</p> <p>Tha dearbhadh ùr a-nise air tighinn mu choinneamh Dàta Foghlaim agus thèid Aithisg Anailis agus faidhle staitistearachd a sgaoileadh gu Buill ro deireadh na seachdain. Bhiodh an dà sgrìobhainn an uair sin air an sgaoileadh dhan phobaill.</p> <p>Mhol Buill far a bheil Covid-19 a’ nochdadh ann an glas, mu choinneamh phuingean nach deach a coileanadh, gum biodh e feumail barrachd fiosrachaidh/co-theacs a chur sa bhogsa le mìneachadh a bharrachd mun t-suidheachaidh.</p> <p>Bha a’ Chomataidh toilichte na h-uimhir de phuingean choileanta fhaicinn.</p> <p>Thug Buill am Plana Gnìomh air ùrachadh bhon uiridh FA-NEAR.</p>	<p>Operational Plan 2020/21-Monitoring</p> <p>PT1 –Operational plan delivery 20/21 The plan was circulated to provide an update on progress from the paper presented to the Committee in May. Points 3.1 (pupil numbers) and 4.3 (high school subjects) were amended to green.</p> <p>Confirmation has now been received around Education Data and an Analysis Report and a statistical file would be circulated to Members by the end of the week. Both documents would then be made available to the public.</p> <p>Members recommended that where Covid-19 appeared (in grey) against outstanding points, that additional information/context would be useful in providing a better understanding of the situation.</p> <p>The Committee happily noted the high number of objectives already achieved.</p> <p>Members NOTED last year’s updated Operational Plan.</p>
5.2	<p>Plana Gnìomh 2021/22 -Sgrùdadh</p> <p>PT1 –Coileanadh a’ Phlana Ghnìomh 21/22 Tha adhartas math air a bhith ann le 1/3 de na gnìomhan coileanta mar-tha, agus tòrr fo sheòl.</p> <p>Dh’iarr buill fios as ùr air PCC 3.1 is 3.2. Chaidh mìneachadh gum biodh fiosrachadh ùraichte ann aig a’ choinneimh san t-Samhain, às dèidh coinneamh a tha gu bhith ann le GLAN san Dàmhair.</p> <p>Thug Buill am Plan Gnìomh airson 2021/22 FA-NEAR</p>	<p>Operational Plan 2021/22-Monitoring</p> <p>PT1 –Operational Plan Delivery 21/22 Good progress has been made with a 1/3 of objectives already complete and many others under way.</p> <p>Members requested an update on points 3.1 and 3.2. It was explained that revised information would follow at the November meeting, following a scheduled meeting with GLAN in October.</p> <p>Members NOTED the Operational Plan for 2021/22.</p>
6.0	CLEACHDADH	USAGE
6.1	<p>Amasan Àrd Ìre <i>Thàinig KO agus AW a-steach dhan choinneimh.</i></p> <p>6.1.1 PT1 PGR035 Comhairle Siorrachd Obar Dheathain <i>Chaidh an dà phàipear a mholadh do Bhuill airson aonta.</i></p> <p>San earrainn air Ionnsachadh na Gàidhlig, far a bheil e ag ràdh gum biodh an dleastanas gus a bhrosnachadh, “mar a thathar a’ meas iomchaidh”, bha ceist aig Buill cò leis am biodh an t-uallach measadh dè tha “iomchaidh”. Chaidh innse gu bheil a’ cleachdadh briathran an Stiùiridh Reachdail.</p> <p>Bha buill toilichte adhartas fhaicinn le seirbheisean foghlaim Gàidhlig san sgìre seo agus thuirt iad gun robh e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil plana ann a tha freagairt air an sgìre air fad, leis cho mòr ’s a tha i.</p>	<p>High Level Aims <i>KO and AW joined the meeting.</i></p> <p>PT1 PGR035 Aberdeenshire Council <i>Both papers were recommended for approval to Members.</i></p> <p>In the section Learning Gaelic, where the duty to promote would be “as appropriate”, Members asked upon whom the responsibility would be to assess what was deemed “appropriate”. Officers explained that this was the vocabulary in the Statutory Guidance.</p> <p>Members were pleased to note progress regarding Gaelic education services in this area and stated that it was important that the plan met with the needs of the whole area, given its size.</p>

Co-dhùnadh:

DH' AONTAICH Buill ris na h-Amasan Àrd-ìre le tuigse gum bi na h-oifigearan a' coimhead air briathrachas a tha ga chleachdadh.

Decision:

Members **APPROVED** the high-level aims, subject to a review of the vocabulary.

6.1.2

PT2 PGR061 Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba

Thugadh fa-near na h-uimhir de luchd-obrach saor-thoileach aca agus gun robhar an dòchas barrachd luchd-obrach saor-thoileach le Gàidhlig fhastadh. Ged a chuireadh fàilte air seo, bhathas mothachail gum biodh luchd-obrach saor-thoileach a' tighinn is a' falbh gu tric.

PT2 PGR061 National Museums Scotland

It was noted that a substantial number of volunteers were used and that it was hoped to increase the number of Gaelic-speaking voluntary staff. Whilst this was welcomed, there was also a recognition that there can be a high turnover in voluntary staff.

San dol seachad, thugadh fa-near gu bheil an t-uamhas de dh'obair leasachaidh na Gàidhlig ga dèanamh le luchd-obrach saor-thoileach, san fharsaingeachd, agus gum biodh e math smaoinichadh air mar a b' urrainn do BhnG an obair seo aithneachadh.

As an aside, it was noted that, in general, a substantial amount of Gaelic development, takes place by those working in a voluntary capacity. It may well be worth BnG exploring a suitable way of recognising their work.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris na h-àrd-amasan.

Decision:

The high-level aims were **APPROVED**.

Thugadh taing do na h-oifigearan agus dh'fhàg iad a' choinneamh.

The officers were thanked, and they left the meeting.

7.0

PLANA OBRACH NA COMATAIDH**COMMITTEE WORK PLAN**

7.1

Plana-obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan**Policy & Resources Committee Work Plan****PT1 – Plana Obrach**

Thig aithisg dheireannach a thaobh Foghlaim Inbheach a chuirteachadh a-nis às dèidh dhan Data Foghlaim tighinn a-steach.

PT1 – Work plan

The final report around Adult Education would be circulated now that the Educational Data had been received.

Dh'iarr Buill gun tigeadh an comharra a-mach às a' bhogsa airson tabhartasan >50k, gus comharrachadh nach deach gin a thoirt dhan chomataidh.

Members requested that the tick be removed from the box for requests >£50k, as there were none brought to the committee.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' Phlana Obrach ùr.

Decision:

Members **APPROVED** the revised workplan.

8.0

GNOTHACH IOMCHaidh SAM BITH EILE**ANY OTHER BUSINESS**

Ceann-latha na h-ath choinneimh: 09/11/2021

Date for the next meeting: 09/11/2021

9.0

TAISBEANADH**PRESENTATION****Stòrlann**

Air sàilleibh dhuilgheadasan teicnigeach, chaidh an taisbeanadh a chur dheth gu àm eile.

Stòrlann

Due to technical difficulties, it was agreed to reschedule the presentation.

Thàinig cùisean gu crìch aig 11.40am.

The meeting closed at 11.40am.

Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh

Post-meeting Review of meeting

Ceann-là na coinneimh	01/09/21
Dearbhte le Sgioba Stiùiridh	10/09/21
Air adhart gu Cathraiche na Comataidh airson dearbhadh/atharrachadh	10/09/21
Dearbhte le Cathraiche na Comataidh	15/09/21
Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh	22/09/21
Dearbhte le Buill an CPG	07/10/21
Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET	22/09/21
Dearbhadh air co-ionannachd eadar a' Ghàidhlig is a' Bheurla san dreach dheireannach	22/09/21